

Thòisich Blas 2011 le brag is chìochnaich an seachdamh fèis air an deireadh sheachdain le othail is ròlaist aig cuairt dheireannach cupa na camanachd agus cuirm-criochnachaidh na fèise ann an Ionad na h-Ìompaireachd ann an Eden Court an Inbhir Nis, agus gu leòr a bharrachd air feadh na Gàidhealtachd oidhche Shathairne.

Eadar dà cheann na seachdain, eadar coimiseans ùra agus luchd-ciùil eadar-nàiseanta a' cluich no a' seinn bho mhullach nam beann gu meadhan Loch Nis, chuir Blas 2011 dreach ùr air ealain na Gàidhealtachd is nan Eilean agus fiamh a' ghàire air luchd-tadhail, cha mhòr gun àireamh. Agus tha stiùirichean na fèise ag ràdh gu bheil an teachdaireachd a thathas air a bhith a' faotainn bho thall sa bhos a' dearbhadh gur ann bho neart gu neart a tha Blas a' dol.

An dèidh cuirm-criochnachaidh na fèise, thuirt Art MacCarraig bho Fhèisean nan Gàidheal, a tha a' stiùireadh na fèise, agus a bha na Fhear an Taighe: "Tha grunn thachartasan aig fèis na bliadhna seo a bha os cionn chàich airson iomadh adhbhar agus chan eil sin an dòigh sam bith a' cur sìos air gnothach sam bith eile. Bhon dh'fhosgail Julie Fowlis an fhèis anns a' Mhanachain oidhche h-Aoine seo chaidh le "Heisgeir", tron t-seachdain air fad, tha daoine air a bhith a' comharrachadh cuirmean agus tachartasan a bha nan tarraing mhòr, leithid camanachd an deireadh sheachdain seo le na Ceilidh Trailers a' cumail ceòl ri na camain, a' dearbhadh dhuinn gun do shoirbhich leinn fad dheich latha, agus chan ann dìreach le aon thachartas a bha os cionn chàich."

Thuirt stiùiriche nas fèise, Donna NicRath: "Bha an fhèis am bliadhna ùr na dreach is na dòigh. Bha Blas 2011 adhartach agus misneachail anns a h-uile dòigh. Chaidh sinn an co-bhuinn ri luchd a' bhidhe agus stuth eile airson fàilte a chur air luchd-amhairc is èisteachd le deagh bhiadh is blas na Gàidhealtachd; thug sinn an cothrom do dh'òigridh na sgìre gu h-àraidh an tàlant fhoillseachadh air àrd-ùrlar ùr còmhla ri cuid dhen luchd-ciùil as fheàrr air an t-saoghal, agus thog sin ceanglan ùra le buidhnean agus tro cho-obreachadh le suas gu 400 neach gar cuideachadh gu saor-thoileach, rud a bha ionmholta. Thug sinn an cothrom dhuinn tachartasan a chur air adhart bho mhullach nam beann gu tallaichean coimhearsnachd; bho mheadhan Loch Nis gu Inbhir Uige agus tallaichean air feadh na Gàidhealtachd làn chun nan tobhtaichean. Airt a' chiad oidhche dhen fhèis bha ceithir a-mach às na sia tachartasan luma-làn agus cha do thachair sin riamh roimhe. Tha seo na theisteanas air an rinneadh a' deisealachadh agus a' libhrigeadh a' phrògram agus tha an luchd-amhairc is èisteachd air dearbhadh dhuinn gu bheil sinn a' cur biadh air a bhòrd a tha a' còrdadh riutha agus gu bheil na fhuair iad air am fàgail acrach son tuilleadh. Tha sinn moiteil gun urrainn dhuinntallaichean a lìonadh. 'S dòcha nach bi e furasta an aon mhullach a ruighinn a-rithist gun spàirn, ach tha sinne deiseil son feuchainn, chionn 's e anail a' Ghàidheil agus luchd-obrach Blas, am mullach."

Chaidh faisg air 100 tachartas a libhrigeadh tron fhèis uile gu lèir eadar 9 agus 17 Sultain air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. le prògram sgoiltean air a chruthachadh le Lynn NicIain bho Chomhairle na Gàidhealtachd. 'S ann air ceòl traidiseanta a tha an fhèis stèidhichte taobh ri taobh leis a' Ghàidhlig agus, airson a chiad uair, bha Blas 2011 a' co-obreachadh còmhla ri Comhairle nan Leabhraichean agus am foillsichear Acair airson inbhe ùr a thoirt do litreachas. Tha teisteanas a fhuaras mar tha air-loidhne bho dhaoine a bha an làthair aig an fhèis a' daingneachadh mar a bha beachd a' nochdadh gu bheil an dòigh anns am bheil Blas a' cleachdadh na Gàidhlig a cur gu mòr ris an fhèis.

Bha Blas 2011 cuideachd a' comharrachadh Bliadhna nan Eilean tro shreath de Chèilidhean Eileannach agus an coimisean ùr a libhrig Julie Fowlis, "Heisgeir", le sàr sheinneadairean bho sgaoth de dh'eileannan a' cur an cèill saibheas is dualchas na sgìre, an co-bhuinn ri sàr luchd-ciùil.